

**Stiùireadh airson a bhith a' làimhseachadh
carbapenemase-producing
Enterobacteriaceae ann an suidheachaidhean
neo-èiginneach agus coimhearsnachd**

Earr-ràdh 3: Bileag Comhairle

Bileag comhairle airson daoine a bha faisg air
giùlanairean carbapenemase-producing
Enterobacteriaceae (CPE)

Dè th' ann an 'Carbapenemase-Producing Enterobacteriaceae'?

Tha bacteria air a bheil Enterobacteriaceae anns an stamag aig gach neach fallain, àbhaisteach. Nuair a bhios iad anns an stamag, cha dèan iad cron sam bith agus bidh iad gar cuideachadh gus am biadh againn a chnàmhadh. 'S e colonachadh a chanar ri seo. Ach ma thèid am bacteria seo dhan àite cheàrr, mar eisimpleir, dhan aotraman no sruth na fala, is urrainn do seo galar-ghabhaltach adhbharachadh.

Tha Carbapenemase-Producing Enterobacteriaceae (CPE) nan cineal den Enterobacteriaceae seo. Tha iad a-nis a' cur bacadh air buidheann chumhachdach de dh'antibiotaghean air a bheil carbapenems bho bhith ag obair. 'S e buidheann chudromach de dh'antibiotaghean a th' ann an Carbapenems a bhios dotairean gu tric a' cleachdadh gus cur an aghaidh ghalaran-ghabhaltach far a bheil antibiotaghean eile air fàilligeadh. Tha e cudromach gun cuir sinn stad air sgapadh CPE anns na h-ospadalan againn. Nì seo cinnteach gum bi na h-antibiotaghean seo rim faighinn fhathast airson cur an aghaidh galaran-ghabhaltach san àm ri teachd.

Carson a tha e cudromach gu bheil bacadh air carbapenem bho bhith ag obair?

'S ann ann an ospadalan a-mhàin a ghabhas antibiotaghean carbapenem a thoirt do dhaoine agus feumar an cur gu dìreach a-steach dhan t-sruth-fala. Gu ruige seo, tha doctairean air an cleachdadh gus buaidh a thoirt air galaran-ghabhaltach 'doirbhe' far nach eil antibiotaghean eile air obrachadh. Mar sin, ann an ospadal far a bheil euslaintich sho-leònta, bidh e ag adhbharachadh duilgheadasan ma sgapas galaran a tha a' cur bacadh air antibiotaghean.

Am feumar giùlan CPE a leigheasadh?

Chan fheumar mar as àbhaist. Chan fheumar leigheas a dhèanamh air daoine aig a bheil CPE nan corp oir bidh am bacteria seo beò san stamag gun a bhith ag adhbharachadh duilgheadas sam bith. Ach, ma tha galar-ghabhaltach ort a chaidh adhbharachadh le CPE, bidh feum agad air antibiotaghean mar leigheas air.

Ciamar a thèid CPE a sgaoileadh?

Thèid CPE a sgapadh tro bheantainn gu dìreach ri cuideigin, no gu neo-dhìreach tro bhith a' beantainn ri rudan a bha a' beantainn riutha san àrainneachd timcheall orra, mar eisimpleir tro uidheamachd cùraim.

Ann an ospadal no suidheachadh cùraim (a' gabhail a-steach cùram san dachaigh) nuair a tha an t-euslainteach a' giùlan a' bhacterium seo, is urrainn dhan bhacterium an àrainneachd a truailleadh agus a sgaoileadh do dhaoine eile. Tha e cudromach gun tèid an àrainneachd cùraim a chumail glan, mar eisimpleir, uidheam a thèid a chleachdadh airson cùraim, taighean-beaga, àirneis, agus gum bi deagh slàinteachas làimhe ann, mus tèid thu faisg air cuideigin a tha a' giùlan CPE, agus an dèidh làimh.

Dè tha e a' ciallachadh a bhith a' dol faisg air cuideigin a tha a' giùlan CPE?

Tha seo a' ciallachadh gun robh thu san aon ùard no àrainneachd cùraim ri cuideigin a tha na ghiùlanair de carbapenemase-producing Enterobacteriaceae.

A bheil feum agam air sgrìneadh?

Mar chuideigin a bha faisg air cuideigin a tha na ghiùlanair, ma thèid do thoirt a-staigh dhan ospadal, dh'fhaodte gun tèid sgrìneadh airson carbapenemase-producing Enterobacteriaceae a

thairgse dhut. Thathar a' tairgse an sgrìnidh seo a chionn 's gu bheil seansa *beag* ann gu bheil thu air am bacteria a ghlacadh is gu bheil thu fhèin ga ghiùlain cuideachd.

A bheil mi feumach air leigheasadh?

Chan eil e cunnartach do dhaoine a tha fallainn a bhith a' giùlan carbapenemase-producing Enterobacteriaceae. 'S e an rud as cudromaiche gun dèan thu cinnteach gu bheil do làmhnan glan, a' nighe do dhà làimh le siabann is uisge, gu sònraichte ag dèidh dhut a dhol dhan taigh-bheag. 'S e deagh shlàinteachas mar eisimpleir, a bhith a' cumail taighean-beaga is seòmraichean-ionnlaid glan agus a' cleachdadh shearbhadairean air leth na dòighean as fheàrr gus dèanamh cinnteach nach tèid CPE a sgapadh. Bu chòir aodaich is nigheadaireachd a ghlanadh san dòigh àbhaistich aig an teas as àirde a thathar a' moladh air an leubail.

Càite am faigh mi barrachd fiosrachaidh?

Ma tha ceist sam bith agad, bruidhinn ris an neach-obrach slàinte agad no cuir fios dhan GP agad airson comhairle. No, faodar fiosrachadh a bharrachd fhaighinn anns a' bhileig aig HPS mu Sgrìneadh Euslaintich airson Carbapenemase Producing Enterobacteriaceae (CPE) - Bileagan airson Luchd-obrach Slàinte is Luchd-cùraim

<http://www.hps.scot.nhs.uk/guidelines/detail.aspx?id=1661>.

Ma tha thu ag iarraidh na bileige seo ann an cànan eile, cuir fios gu HPS aig:
NSS.HPSInfectionControl@nhs.net